

Taic airson sochairean fhaighinn ma tha thu Ciorramach.

Ma tha thu ciorramach agus ag iarraidh taic airson sochairean fhaighinn bho Thèarainteachd Shòisealta Alba, tha sinne an-seo airson dèanamh cinnteach gun tèid èisteachd riut




Faigh taic gus tagradh airson sochairean bho Thèarainteachd Shòisealta Alba, ma tha thu ciorramach

Ma tha thu gad aithneachadh fhèin nad neach ciorramach, gheibh thu taic an-asgaidh sochairean fhaighinn bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

Tha taic ri fhaotainn cho luatha 's a thòisicheas tu tagradh agus tha e gu tur neo-eisimeileach bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

Cuidichidh neach-thagraidh thu:

- do chòraichean is do roghainnean a' thuigsinn
- ceistean fhaighneachd gus taic a thoirt dhut air na tha thu ag iarraidh a'
- ràdh, a' dearbhadh gun tèid èisteachd riut agus gum bi thu gad riochdachadh fhèin.
- A bhith a' gabhail làn-phàirt ann an co-dhùnidhean mu na sochairean agad
- aig gach ceum 's a phròiseis; bhon an tagradh fhèin gu taic le ath-sgrùdaidhean neo ath-thagraidhean sam bith a tha thu airson a' dèanamh.



Dè a bhios neach-tagraidh a' dèanamh?

Tha neach-tagraidh proifeiseanta agus neo-eisimeileach. Tha iad a' cumail taic ri daoine gus an guth a thogail, a' dearbhadh gun tèid èisteachd riutha agus gun tuig iad na còraichean aca fhèin. Chan eil iad ag obair airson Tèarainteachd Shòisealta Alba no Riaghaltas na h-Alba agus chan eil pàirt aca ann am measaidhean no co-dhùnaidhean mu dheidhinn sochairean an t-sluaigh.

Bheir neach-tagraidh taic dhut tagradh airson sochairean. Ni iad conaltradh riut air fòn, tro gairm bhideo neo uaireannan mu d' choinneamh. Bheir neach-tagraidh taic san dòigh as fheàrr dhutsa gus dearbhadh gun tuig thu gach ceum agus gum faigh thu na tha thu fhèin ag iarraidh a ràdh.

Bidh an neach-tagraidh agad:

- ag èisteachd riut agus nan neach-taiceil dhut
- a' bruidhinn riut mu na roghainnean agad
- a' planadh na tha thu ag iarraidh dèanamh còmhla riut
- gad riochdachadh mur nach eil thu fhèin air chothrom

Cha bhi an neach-tagraidh agad:

- gad chomhairleachadh no a' dol na charaid dhut
- a' tabhann comhairle laghail
- a' co-dhùnadh cùisean dhut
- a' tabhann comhairle no ag innse dhut dè bu chòir dhut dèanamh
- a' co-dhùnadh mu dè na sochairean a bhios tu a' faighinn

Cuir fios thugainn

Airson barrachd ionnsachadh mu dheidhinn taic tagradaireachd no airson neach-tagraidh iarraidh, tha mòran fiosrachaidh ri fhaighinn air an làrach-lìn againn. Is urrainn dhut fònadh an-asgaidh no post-dealain a chur thugainn cuideachd. Is e an dòigh as fhasa neach-tagraidh fhaighinn ma thadhlas tu air an làrach-lìn againn.

Tha sinn fosgailte Diluain gu Dihaoine, 9m gu 5f.

Tha sinn dùinte air Saor-làithean Banca.

Fòn an-asgaidh:

0300 303 1660

Làrach-lìn: voiceability.org



Post-dealain: SocialSecurityAdvocacy@voiceability.org

Cuideachd, is urrainn dhut fònadh an-asgaidh gu Tèarainteachd Shòisealta Alba air 0800 182 2222. Is urrainn dhuinn am fiosrachadh seo a thabhann ann an cànan no fòrmatan eile, nam measg Easy Read agus teacsa mòr. Is urrainn dhuinn eadar-theangairean beò a thabhann, agus airson Cànan Soidhnidh Bhreatainn.

Mu VoiceAbility

Nì sinn cinnteach gum faigh thu èisteachd an uair as motha a tha feum air. Tha sinn air taic a chumail ri daoine pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean mu dheidhinn an slàinte, cùram is sunnd fhèin bho chionn faisg air 40 bliadhna. Is sinne carthannas neo-eisimeileach agus aon de na buidhnean as motha san RA a tha a' solar seirbheisean tagradaireachd is compàirteachais.